

# X229/13/01

---

TEISTEANAS  
NÀISEANTA  
2013

DIMAIRT, 14 CÈITEAN  
1.00 PM – 4.00 PM

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2013

TUESDAY, 14 MAY  
1.00 PM – 4.00 PM

## GÀIDHLIG AN ÀRD ÌRE ADHARTACH

Roinn (i): Sgrìobhadh  
Roinn (ii): Sgrùdadadh  
Roinn (iii): Litreachas  
Roinn (iv): Eadar-theangachadh

GÀIDHLIG  
ADVANCED HIGHER  
Part (i): Writing  
Part (ii): Practical Criticism  
Part (iii): Literature  
Part (iv): Translation

### **Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.**

Tha ceithir roinnean anns a' Phàipear. Bu chòir feuchainn ri na ceithir roinnean a fhreagairt. Feumaidh tu leabhran freagairt às ùr airson gach roinn. Feuch gun dèan thu soilleir aig toiseach gach leabhrain gu dè an roinn a tha thu a' freagairt agus cuimhnich air ùine gu leòr fhàgail airson gach roinn a fhreagairt.



**[DUILLEAG FHALAMH]**

**Roinn (i): Sgrìobhadh**

**Uine: 55 mionaid  
(moladh)**

*Comharraidhean*

**Sgrìobh ann an Gàidhlig air AON de na cinn seo.**

1. An Litir. (50)
2. Bu chòir do dh'Alba a bhith neo-eisimeileach. (50)
3. Cha do chreid mi riamh . . . (50)
4. Tha còir aig a h-uile deugaire bliadhna a chur seachad ann an dùthaich bhochd. (50)
5. Creideamh. (50)
6. Tha mòran againn ri ionnsachadh bho bheathaichean. (50)
7. Chan eil ann an làraichean conaltraidh air an eadar-lòn ach dòigh eile air sgainneal a sgaoileadh. (50)
8. Cianlas. (50)

[Tionndaidh an duilleag

**Freagair DÀ Earrann—(1) Rosg agus (2) Bàrdachd****Earrann 1—Rosg**

**Leugh an earrann seo agus freagair, nad fhacail fhèin, na ceistean a tha na cois.**

Ged is dòcha nach do chuir mòran againn làn luach air aig an àm, bha taic shònraichte aig an fheadhainn a bha a' dol air adhart gu foghlam àrd-ìre anns na Seasgadan. Cha b' e a-mhàin gu robh sinn a' faighinn de thaic airgid na bha gar cumail fad teirm, ach bha sinn cuideachd air chomas crìoch a chur air ar foghlam gun a dhol ann am fiachan.

5 Agus an rud a b' fheàrr buileach, bha taghadh de chothroman cosnaidh ann dhan a' mhòr-chuid nuair a bha sinn deiseil.

Ach dh'fhalbh na làithean sin agus, bho chionn bhliadhnaichean a-nis, tha mòran dhaoine òga a' crìochnachadh san oilthigh le fiachan a tha nan cùis-eagail. Chan eil roghainn aca agus ged nach fheudar dhaibh tòiseachadh air am pàigheadh air ais gus 10 am bheil iad a' dèanamh cosnadh meadhanach math 's e clach-mhuilinn eagalach a tha seo mu ghuaillean dhaoine òga aig toiseach an saoghal cosnaidh.

Ri linn teannachadh ionmhais anns na roinnean poblach agus prìobhaideach tha 15 colaisean agus oilthighean cuideachd a' fulang agus tha buidseatan gam fàsgadh anns gach àite. Mar sin, cha robh e na iongnadh nuair a ghabh oilthighean Shasainn cothrom an cuid chìsean àrdachadh. Chaidh oilleanaich Albannach an dion bhon seo 's chaidh cìsean oilleanach a chumail mar a bha ann an Alba. Ach a-mhàin dha oilleanaich Shasannach a tha a' tighinn dhan oilthigh ann an Alba! Faodaidh na h-oilthighean cìsean a chur orrasan suas chun na h-aon ire 's a dh'fheumadh iad a phàigheadh aig deas.

20 Cha b' iongnadh ged a bhiodh na Sasannaich a' faireachdainn goirt! Tha riaghailtean Eòrpach a' ciallachadh gum feum Alba an aon chìs a chur air oilleanaich a thig a-staigh à dùthchannan Eòrpach is a tha iad a' cur air oilleanaich Albannach ach tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd gum bheil còir aig oilleanaich à Sasainn, a' Chuimrig agus Èirinn a Tuath pàigheadh mar a dhèanadh iad aig an taigh.

*Stèidhete air artaigil a sgriobh Ailean Caimbeul ann an Tìm an Òbain ann an 2011*

## CEISTEAN

1. Dè tha an sgrìobhadair ag ràdh a tha sealltainn gu robh beatha agus suidheachadh nan oileanach anns na Seasgadan gu math eadar-dhealaichte bho mar a tha e an-diugh? 3
  2. Dèan soilleir dè tha an sgrìobhadair ag innse dhan luchd-leughaidh nuair a tha e ag ràdh: “**ged is dòcha nach do chuir mòran againn làn luach air aig an àm.**” (loidhne 1) 2
  3. Tog às an earrainn na briathran a tha dèanamh dealbh air suidheachadh na h-obrach aig an àm sin agus beachdaich air na tha iad ag innse dhuinn. 2
  4. Dè bheachd a tha aig an sgrìobhadair air suidheachadh oilleanaich an latha an-diugh? 2
  5. Beachdaich air èifeachdas “**fàsgadh**” mar a tha e air a chleachdad san treas paragraf. 3
  6. Seall ciamar nach eil e na iongnadh gum biodh “na Sasannaich a’ faireachdainn goirt” anns an t-suidheachadh anns a bheil iad gam faighinn fhèin. 3
- (15)

[Tionndaidh an duilleag

## Roinn (ii): Sgrùdadh

### Freagair DÀ Earrann—1 agus 2

#### Earrann 2—Bàrdachd

**Leugh a' bhàrdachd seo agus freagair, nad fhacail fhèin, na ceistean a tha na cois.**

Ruith sa mhonadh,  
ruith nam beann  
's mar sin dhan sgoil aig deireadh samhraidh.  
Nar clann aig còig bliadhna dh'aois  
's gun facal Beurla nar ceann.

“Seo do leabhar,  
seo do pheann,  
dèan do leasan,” thuirt iad riumsa,  
“’s gun èirich sibh suas anns an t-saoghal  
is gheibh sibh air adhart ann.”

Dh'ionnsaich sinn  
a leithid ann,  
cànan 's bàrdachd, bàrdachd Bheurla.  
Ceòl na Gearmailt, eachdraidh na Spàinnt  
is b' e sin an eachdraidh mheallt.

Bhon sgoil don oilthigh  
chaidh sinn ann.  
A' leantail foghlam, tuilleadh foghlam,  
mar amadan air deireadh streang,  
seòrsa de dh'foghlam nam cheann.

Ach dh'èirich mi suas  
anns an t-saoghal:  
fhuair mi deise is fhuair mi lèine.  
Fhuair mi àite ann an sùilean dhaoin'  
fada bhon mhonadh mi 'n-dràst'.

*Tha na h-earrannan seo air an toirt à Flower of the West, C agus R Dòmhnaillach, 2000*

**CEISTEAN**

- |    |  |   |
|----|--|---|
| 1. | Innis dè tha “ <b>deireadh samhraidh</b> ” (loidhne 3) a’ riochdachadh ann am beatha a’ bhàird.  | 2 |
| 2. | Dè tha an làrna h-earrann a’ sealltainn mun dùigh anns an robh daoine a’ coimhead air foghlam foirmeil aig an àm a bha am bàrd na sgoilear?                              | 2 |
| 3. | Beachdaich air an treas rann gu mionaideach agus dèan soilleir beachd agus faireachdainn a’ bhàird air na rinn e san sgoil.  | 3 |
| 4. | Dè tha am bàrd airson a thoirt gu aire an leughadair an uair a tha e ag ràdh:<br>“ <b>mar amadan air deireadh streang,<br/>seòrsa de dh’foghlam nam cheann?</b> ”        | 3 |
| 5. | Dè nad bheachd-sa an ceangal a tha eadar “ <b>fhuair mi àite ann an sùilean<br/>dhaoin</b> ” agus “ <b>fada bhon mhonadh mi ’n-dràst</b> ” anns an rann mu<br>dheireadh? | 2 |
| 6. | A’ coimhead a-rithist air an dàn gu lèir, dè bha math agus dona mun<br>foghlam a fhuair am bàrd, na bheachd-san, agus dè do bheachd-sa?                                  | 3 |
- (15)**

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharraidhean*

Freagair **AON** de na ceistean seo air an litreachas Gàidhlig a rannsaich thu anns a' chùrsa.

### **1. Sgeulachd ghoirid**

Cò tha thu fhèin a' smaoineachadh as fheàrr air sgeulachdan ghoirid a sgrìobhadh ann an Gàidhlig? Tagh aon sgeulachd ghoirid a sgrìobh an neach seo agus tro bheachdachadh mionaideach a dhèanamh air an sgeulachd ghoirid, seall mar a tha i na deagh eisimpleir de thàlant an neach-sgrìobhaidh seo.

(50)

### **2. Sgeulachd ghoirid**

Tha còir aig sgeulachd ghoirid smaoineachadh a thoirt air an leughadair air dhòigh air choreigin. Tagh aon sgeulachd ghoirid Ghàidhlig aig an robh a' bhuaidh seo ort agus le beachdachadh mionaideach a dhèanamh oirre, seall ciamar a chaidh aig an sgrìobhadair air leithid de bhuaidh a thoirt ort.

(50)

### **3. Bàrdachd**

Ainmich pìos bàrdachd a thug ort smaoineachadh mu chuspair sònraighe ann an dòigh nach do smaoinich thu riamh roimhe. Le bhith beachdachadh gu mionaideach air, dèan soilleir dè na sgilean a chleachd am bàrd gus toirt ort an cuspair fhaicinn ann an dòigh ùr.

(50)

### **4. Bàrdachd**

Tha bàrdachd ainmeil airson faireachdainnean làidir a dhùsgadh ann an luchd-leughaidh. Tagh aon phìos bàrdachd mu bheil seo fior dhutsa agus le bhith beachdachadh gu mionaideach air, dèan soilleir dè na faireachdainnean a dhùisg e annad agus dè na h-innleachdan a chleachd am bàrd gus a' bhuaidh seo a thoirt ort.

(50)

### **5. Nobhail**

Tagh nobhail Gàidhlig a tha, nad bheachd-sa, soirbheachail. Tro sgrùdadadh mionaideach a dhèanamh air an leabhar seo, seall dè tha ga dhèanamh soirbheachail.

(50)

### **6. Eachdraidh-beatha**

A bheil, nad bheachd-sa, leabhraichean eachdraidh-beatha a' dèanamh feum do dhuine sam bith ach an duine a tha gan sgrìobhadh? Tagh aon leabhar eachdraidh-beatha agus dèan sgrùdadadh mionaideach air.

(50)

**Eadar-theangaich an earrann a leanas.**

Charities give comfort and support to millions of people around the world wherever and whoever they are. Volunteers work in almost 200 countries and this means that when disaster strikes, the charities already have people on the ground ready to help. Charities help people at times of crisis, no matter how big or small. They provide clean water and shelter when something like an earthquake strikes a country. Volunteers are special people and not everyone can do the work they undertake.

(20)

[*CRÌOCH A' PHÀIPEIR*]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

## ACKNOWLEDGEMENTS

Roinn (ii): Sgrudadh, Earrann 1—Rosg—Article is adapted from *The Oban Times*, 2011. Reproduced by kind permission of The Oban Times.

Roinn (ii): Sgrudadh, Earrann 2 – Bardachd – Lyrics are taken from “*Flower of the West*” by C. and R. MacDonald. Reproduced by kind permission of Runrig Merchandising Ltd.